

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/8/20

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 5 Samhain 2020

**Tìotal Aithisge:** Ro-innleachd Conaltraidh agus Com-pàirteachais Gàidhlig

**Aithisg Le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisg seo aonta Bhall a shireadh airson dòigh-obrach ro-innleachdail àrd-ìre a thaobh a bhith a' leasachadh Ro-innleachd agus Plana Conaltraidh Gàidhlig

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air dòigh-obrach a thaobh a bhith a' leasachadh Ro-innleachd Conaltraidh Gàidhlig agus raon-ama aontachadh airson a bhith a' toirt a' Phlana Chonaltraidh air ais chun na Comataidh.

### 3. Seaghan

- 3.1 Goireas: Thèid an Ro-innleachd agus am Plana a leasachadh le bhith a' cleachdadh ghoireasan a th' ann mar-thà agus ann an co-bhann le Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra.
- 3.2 Laghail: Bidh Ro-innleachd Conaltraidh Leasachadh Gàidhlig na Comhairle a' co-thaobhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cuideachadh gus gealltanasan agus amasan a tha air am mìneachadh ann am Plana na Gàidhlig a chur air adhart.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)  
Bidh e mar phàirt dhen Ro-innleachd, nuair a bhios i an gnìomh, ceangal èifeachdach a thogail aig ìre coimhearsnachd leis a' phoball, luchd-ùidh agus com-pàirtichean agus bidh deagh bhuidh aig dòigh-obrach ro-innleachdail nas fheàrr a thaobh conaltraidhean Gàidhlig air coimhearsnachdan dùthchail is eileanach.
- 3.4 Chan eil seaghan ann a thaobh Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach; agus Cunnart.
- 3.5 Gàidhlig: Bidh buaidh mhath air a' Ghàidhlig ann a bhith a' leasachadh dòigh-obrach dhealbhte a thaobh conaltradh is com-pàirteachas Gàidhlig.

## 4. Bùithtean-obrach

4.1 Air 27 Sultain chumadh sreath bhùithtean-obrach do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig. B' e prìomh amas nam bùithtean-obrach:

- Conaltradh le Buill Chomataidh na Gàidhlig gus slighe air adhart a dhealbh a thaobh mar a bheir Comhairle na Gàidhealtachd prìomhachas do na prìomh ghnìomhan ann am Plana na Gàidhlig 3 agus mar a thèid an cur an gnìomh, thar seirbheisean na Comhairle uile, mu choinneamh 'A' Cleachdadh na Gàidhlig, Ag Ionnsachadh na Gàidhlig agus A' Brosnachadh na Gàidhlig'

Chaidh na bùithtean-obrach a chumail tro Microsoft Teams agus an stiùireadh le Sgioba na Gàidhlig.

4.2 Anns a' chiad bhùth-obrach bhathar a' beachdachadh air mar a dh'fhaodadh an dòigh-obrach chorporra againn a thaobh leasachadh Gàidhlig a bhith air a leasachadh air feadh na Comhairle, agus mar a dh'fhaodadh Ro-innleachd Conaltraidh agus Com-pàirteachais a bhith air a leasachadh. Anns an deasbad, rinneadh na puingean a leanas:

- Bu chòir dhan Chomhairle a bhith a' dol an gnìomh gus obair Sgioba na Gàidhlig adhartachadh
- Bha e cudromach conaltradh gu h-èifeachdach air an taobh a-staigh, thar Seirbheisean na Comhairle uile, agus air an taobh a-muigh dhan phoball choitcheann
- Bha e cudromach luchd-èisteachd a chomharrachadh agus an teachdaireachd a ghleusadh a rèir sin
- Bu chòir ceòl, cultar agus dualchas a chleachdadh gus ùidh sa Ghàidhlig a tharraing
- Bu chòir na meadhanan traidiseanta, Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh, agus na meadhanan sòisealta a chur gu feum cho math 's a ghabhas
- Bu chòir follaiseachd na Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle a neartachadh
- Tha ceòl traidiseanta, dualchas, eachdraidh, àrainneachd is cumadh-tìre, spòrs (camachd agus ball-coise) fìor chudromach ann a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig
- Bha obrachadh com-pàirteach le prìomh luchd-ùidh riatanach a thaobh leasachadh Gàidhlig
- Ath-sgrùd agus comharraich prìomh luchd-ùidh
- Bha feum air aonta aig ìre chorporra thar Seirbheisean na Comhairle uile
- Bu chòir follaiseachd na Gàidhlig àrdachadh san fharsaingeachd

4.3 Air sgàth 's mar a bha na bùithtean-obrach air an cur air dòigh, cha b' urrainn do Bhuill uile na Comataidh Gàidhlig com-pàirt a ghabhail anns na seiseanan uile agus chuir cuid an cèill gum bu toil leotha cothrom fhaighinn tilleadh gu cuspair a' Chonaltraidh airson tuilleadh deasbaid. Mar sin, thathar a' moladh dreachd dhòigh-obrach ro-innleachdail a chur air dòigh gus an urrainn do Bhuill beachdachadh air a seo. Thèid seo a chleachdadh mar bhun-stèidh airson bùth-obrach eile do Bhuill mus tèid an Ro-innleachd agus am Plana a thoirt air ais chun na Comataidh airson aonta.

## 5. Dreachd Dhòigh-obrach Ro-innleachdail

### 5.1 'S e **adhbhar** na Ro-innleachd Conaltraidh againn:

- Ìomhaigh cànan, dualchas is cultar na Gàidhlig àrdachadh an dà chuid air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh
- Barrachd dhaoine a mhisneachadh gu bhith A' Cleachdadh, Ag Ionnsachadh agus A' Brosnachadh na Gàidhlig
- Amasan iomlan Plana Gàidhlig na buidhne againn a chonaltradh
- Ceangal èifeachdach a thogail le luchd-ùidh agus com-pàirtichean
- Dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' tuigsinn na tha sinn a' dèanamh
- Modh-giùlain agus dòighean-seallaidh atharrachadh far a bheil sin riatanach
- Soirbheachas ar cuid obrach a thaisbeanadh

### 5.2 **Mar** a nì sinn seo:

- Luchd-ùidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh a chomharrachadh
- Na prìomh theachdaireachdan againn aontachadh is a ghleusadh
- Co-obrachadh agus obrachadh com-pàirteach a leasachadh
- Na dòighean conaltraidh as èifeachdaiche a chomharrachadh is a chleachdadh
- Tachartasan is iomairtean cudromach a bu chòir a bhith air an toirt gu aire a chomharrachadh
- Susbaint làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd ùrachadh
- Gnìomhan leasachaidh air an taobh a-staigh a chomharrachadh:
  - Comharraich raointean de libhrigeadh seirbheis na Comhairle a bu chòir prìomhachas fhaighinn
  - Ùraich trèanadh gus aire a thogail mun Ghàidhlig am measg luchd-obrach agus bhall
  - Leasaich measaidhean buaidh air a' Ghàidhlig ann an aithisgean comataidh
  - Dèan cinnteach gu bheilear a' cumail ri stiùiridhean làithreach ann am foillseachaidhean na Comhairle
  - Dèan cinnteach gu bheilear a' cumail ri Poileasaidh Soidhnichean Dà-chànanach na Comhairle

### 5.3 **Tomhaisidh** sinn soirbheachas le bhith:

- A' cur a-mach suirbhidh gus beachdan luchd-ùidh a shireadh agus bun-loidhne a stèidheachadh a thaobh coileanadh làithreach
- A' leasachadh Plana le targaidean agus ceumannan coileanaidh SMART
- A' toirt seachad cunntasan cunbhalach dhan Chomataidh

## 6. **Ath Cheumannan**

6.1 Leasaichidh oifigearan suirbhidh luchd-ùidh gus beachdan a ghlacadh mu dhòigh-obrach làithreach na Comhairle agus cothroman airson leasachadh. Thèid seo a sgaoileadh gu farsaing, agus thèid na freagairtean a chleachdadh gus an Ro-innleachd a leasachadh. Thèid ceann-latha a chur air dòigh airson seisean eile far am bi cothrom aig Buill na Comataidh sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean an t-suirbhidh agus an Ro-innleachd agus am Plana Conaltraidh agus Com-pàirteachais a leasachadh. Aon uair is gu bheil seo suidhichte, thèid an Ro-innleachd agus am Plana a thoirt air ais chun na Comataidh airson aonta aig a' chiad choinneamh sa bhliadhna ùir.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

Ceann-latha: 28 Dàmhair 2020

Ùghdar: Kate Lackie

Pàipearan Cùl-raoin: